



## Tìotal: A' cluich còmhla/A bhith còir

Ìre: TRÀTH

### Ceanglan CFE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi a' tuigsinn gu bheil an co-mheasgachadh fhèin de chomasan agus de fheuman aig gach neach fa leth. Tha mi a' cuideachadh mo choimhearsnachd sgoile gu bhith a' cur luach air gach neach fa leth agus gu bhith a' cur fàilte air na h-uile. HWB 0-10a</p> <p>Tha mi a' tuigsinn gum faod daoine faireachdainn gu bheil iad nan aonar agus gum faod daoine eile an togail ceàrr agus am fàgail a-mach à rudan. Tha mi ag ionnsachadh mar a bheir mi seachad taic iomchaidh. HWB 0-08a</p>	<p>Tha an t-Eòlas/a' Bhuil seo na phàirt de Slàinte is Sunnd – Dleastanas nan Uile a tha a' gabhail a-steach nan còig ìrean airson fàs agus ionnsachadh a chòmhdach ann an Slàinte is Sunnd. Chan eil slatan-tiomhais ann airson an E/B seo.</p>

### Amasan Ionnsachaidh

- Gun tòisich clann air luach a chur ann a bhith rèidh ri agus a' cluich còmhla ri clann eile.
- Gun aithnich clann cho cudromach 's a tha coibhneas agus gun ainmich iad eisimpleirean de dhòighean anns an seall iad coibhneas do chlann eile.

### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- Tha mi a' tòiseachadh air co-obrachadh agus co-roinn ri clann eile.
- Aithnichidh mi mar a tha feadhainn eile a' faireachdainn, nuair a tha cuideigin toilichte, mì-thoilichte msaa.
- Tha fios agam gu bheil e cudromach a bhith rèidh ri daoine eile.
- Tha mi ag ionnsachadh mu bheusan agus carson a tha iad cudromach.
- Tha mi ag ionnsachadh èisteachd ri daoine eile.
- Tha mi ag ionnsachadh mu chainnt agus gluasad-bodhaig dheimhinneach.
- Tha mi ag ionnsachadh mar a nì mi conaltradh èifeachdach.

### Ceangal ris an Dachaigh

Tha fiosrachadh do phàrantan agus do luchd-cùraim aig gach ìre air làrach RSHP. Tha ceanglaichean ris an dachaigh ann am feadhainn de na gnìomhan a thathar a' moladh. Tha leabhraichean air am moladh airson an ionad/sgoil – ghabhadh iad seo cuideachd cur dhan leabharlann.

### Prìomh fhaclan/briathrachas

- Budaidh
- Comharrachadh
- Moladh
- Coibhneas
- Modhail

Goireas teagaisg // Tha an t-susbaint seo gu lèir airson suidheachadh foghlaim. Airson tuilleadh fiosrachaidh thèidibh gu [www.rshp.scot](http://www.rshp.scot) // Lùnastal 2019

- A' co-roinn
- Fàilte

Tha na stuthan san aonad seo a' ruith ri taobh nan stuthan ann an **Caraidean agus Dàimhean** aig Tràth-ìre.

## OBAIR

Gabhaidh ionnsachadh planadh, faodaidh e tachairt nuair a dh'èireas cothrom-ionnsachaidh gu nàdarra, nuair a tha clann agus luchd-foghlaim a' còmhraidh, no nuair a thachras rudeigin sònraichte. Tha e fìor cuideachd gun urrainn dhuinn fhìn na cothroman sin a chruthachadh, agus mar sin tha beachdan an seo air leabhraichean, cluich agus gnìomhan eile a chuireas taic ri ionnsachadh RSHP aig tràth-ìre.

'S d' fhiach a chuimhneachadh anns an obair RSHP againn, ach gu h-àraid nuair a tha sinn a' coimhead ri cluich còmhla agus coibhneas gum bi cuid de chlann air an iomall/air am fàgail a-mach agus a' faireachdainn aonranach barrachd na càch. Tha seo gu h-àraid fìor do chlann aig a bheil feumalachdan a bharrachd no a tha ciorramach. Tro na molaidhean gu h-ìosal gabhaidh aire shònraichte a thoirt do ghabhail-a-steach gach neach-ionnsachaidh.

---

### A' mìneachadh coibhneas

Ged a bhiodh am facal coibhneas aig clann 's dòcha nach eil iad buileach a' tuigsinn na tha am facal a' ciallachadh. Mas e coibhneas pròiseact no cuspair na seachdain, dh'fhaodadh sibh a mhìneachadh mar a bhith a' dèanamh rudan cuideachail no math do chuideigin eile. 'S ann ann a bhith a' dèanamh nan rudan coibhneil seo a bhios clann ag ionnsachadh giùlan cuideachail agus tuigse – Cuideachd, tarraing aire gu, agus ainmich, gnìomh cuideachail a nì cuideigin - a' togail rud a thuit air neach eile, a' fosgladh doras, a' dèanamh gàire mar bhrosnachadh, a' co-roinn leabhar no dèideag.

---

### Cluich mas-fhìor/cluich saor

Ann an suidheachaidhean cluiche, tha cothrom aig a' phàiste a bhith coibhneil nuair a thogras iad, tha seo a' toirt dhaibh eòlas air na tha coibhneas a' ciallachadh dhaibh – mar inbheach tha e cuideachail na tachartasan no na gnìomhan coibhneis aithneachadh (gu follaiseach) agus taing a thoirt dhan phàiste air an son. Nuair a tha sibh ri cluich mas-fhìor, faodaidh sibh suidheachaidhean a chruthachadh far am biodh coibhneas cuideachail – nuair a tha pàiste/caractar a' strì ri rudeigin: me “Ò bhiodh e coibneil nan cuidicheadh sinn.../ nan toireadh sinn taic/cuideachadh do...”

---

### A' cluich còmhla

A bharrachd air 'seachdain coibhneis' dh'fhaodar 'seachdain gheamaichean' a chur air dòigh le fòcas air geamaichean ùra. Dh'fhaodadh pàrantan no seana-phàrantan tighinn a-steach agus na geamaichean a bhiodh iad a' cluich nan òige a shealltainn dhan chloinn. Ag aithneachadh còraichean chloinne cluich còmhla ri clann eile len toil fhèin, gabh an cothrom air an t-seachdain seo dàimhean a bhrosnachadh eadar clann. Faodaidh pàiste nas sine cuideachadh a thoirt do phàiste nas òige ag ionnsachadh. Dh'fhaodar an aire a tharraing ma tha na h-aon sgilean no ùidhean aig clann eadar-dhealaichte agus dàimhean a bhrosnachadh eatarra. Dh'fhaodar pàiste a tha diùid a thaobh cluich a chur còmhla ri pàiste a tha èasgaidh.

---

---

	Aig deireadh gach latha/seisean nuair a tha sibh air fad a' suidhe còmhla faodaidh sibh aire a tharraing gu dàimhean ùra càirdeil.
<b>A' co-roinn</b>	Bi mothachail nuair a bhios pàiste a' co-roinn. Cuir air dòigh gnìomhan far am feum clann co-roinn a dhèanamh – Dèan soilleir gur e gnìomh co-roinn a tha seo agus faigh a-mach bho gach pàiste mar a bha e a' faireachdainn a bhith a' co-roinn.
<b>Gèam mholaidhean</b>	Gabhaidh an gèam seo a chluich ann an diofar dhòighean. Faodaidh clann suidhe ann an cearcall agus poca phònairean a chaitheamh gu chèile, no faodaidh iad ainm an ath phàiste a ràdh. 'S e amas a' ghèam gun can gach pàiste rud laghach mu phàiste eile sa chlas. Tha seo ag ionnsachadh dhaibh mu bhith laghach agus mar a tha e a' faireachdainn nuair a chanas neach eile rud laghach mun deidhinn. Tha e cuideachd a' cuideachadh buidheann gus fàs eòlach air a chèile agus gus fàs nas dlùithe. Mar thoiseach-tòiseachaidh air a' ghèam, dh'fhaodadh sibh eisimpleirean a shealltainn dhan chloinn – le bhith ag ràdh rudan laghach ri clann no inbhich eile.
<b>Fàilte chun a' chlas/buidheann againn</b>	Ma tha pàiste ùr a' tighinn thugaibh, bruidhinn ris a' bhuidheann no ri buidhnean charaidean no ri clann fa leth mu na nì sibh gus fàilte a chur air a' phàiste ùr. Às dèidh chòmhradh ann am buidhnean beaga, bruidhinn riutha air fad agus dèan liosta de na rudan a nì sibh gus fàilte a chur air an neach ùr nuair a thig iad. Cluich gèam mas-fhìor – leigibh oirbh gu bheil pàiste ùr a' tighinn (seall dealbh air an smartboard mar thaic) agus broснаich a' chlann gus smaoinichadh air na nì iad gus a bhith càirdeil agus gus fàilte a chur air pàiste ùr. Às dèidh a' ghèam mas-fhìor, faighnich dhan chloinn a bheil sìon ann a bu chòir dhaibh a bhith a' dèanamh dha chèile cuideachd.
<b>Budaidean coibhneis</b>	Mar phàirt de phròiseact air coibhneas, cuir air dòigh budaidhean coibhneis – 's e an dùbhlann gun dèan an fheadhainn a tha nam budaidhean coibhneis (faodaidh grunn a bhith nam budaidhean gach latha – balaich agus nigheanan gu co-ionann) an dìcheall a bhith coibhneil dha chèile. Gabhaidh seo dèanamh airson 's gu bheil fios aig a' chlann cò tha nam budaidh coibhneis air an latha sin – no faodar a dhèanamh gun innse cò tha nam budaidhean far a bheil iad a' feuchainn ri dhèanamh ach ga chumail aca fhèin agus ga innse aig deireadh an latha – an tug duine an aire cò bha air leth coibhneil an-diugh?
<b>A' comharrachadh oidhirp agus coibhneas</b>	Aig deireadh na seachdain – ge bith an e cluich còmhla no coibhneas an tèama – seall oidhirp gach pàiste le bhith ga chomharrachadh.

---

## **LEABHRAICHEAN A LEUGHAS SIBH CÒMHLA NO A GHEIBH SIBH AIR IASAD**

### **Thoiribh sùil air an liosta shlàn a gheibhear aig Tràth-ìre.**

Bheir na leabhraichean seo cothroman còmhraidh dhuibh air na cuspairean ris a bheilear a' dèiligeadh, gabhaidh iad cleachdadh còmhla ri clas no buidheann, an leughadh do dhithis no barrachd chloinne gus taic a chur ri prìomh phuingean ionnsachaidh. Dh'fhaodar pàrantan agus luchd-cùraim a bhrosnachadh gus an leughadh san dachaigh cuideachd.

### **The Invisible Boy**

Trudy Ludwig (ISBN 9781582464503)

Seo Brian, am balach nach fhaic duine. Cha bhi duine a' toirt an aire gu bheil e ann no a' smaoinichadh air a thoirt a-steach a bhuidheann no a chluich gèam no cuireadh a thoirt dha gu partaidh co-là-breith... gus an tàinig balach ùr dhan chlas. Nuair a tha Justin, am balach ùr a' tighinn, 's e Brian a tha a' cur a' chiad fhàilte air. Agus nuair a tha Brian agus Justin ag obair còmhla air pròiseact, tha Brian a' faighinn cothrom soirbheachadh. Tha an sgeulachd laghach seo a' sealltainn mar a chuidicheas rud beag coibhneis clann gu bhith a' faireachdainn gu bheil iad nam pàirt de rud, agus mar a shoirbhicheas iad air sgàth sin.

### **Kindness Starts with you**

Jacquelyn Stagg (ISBN 1775183319)

Lean Maddy tron latha aice san sgoil agus chì thu cho furasta 's a tha e a bhith coibhneil. Bho bhith a' feitheamh cothrom air na dreallagan gu bhith cinnteach gu bheil a h-uile duine nam pàirt de gheamannan – tha an leabhar seo a' sealltainn gu bheil gach coibhneas, ge bith dè cho beag, cudromach. San leabhar tha Dùbhlann Coibhneis na Seachdain gus clann a bhrosnachadh gus: *maitheanas iarraidh, a bhith modhail, a bhith a' feitheamh an cothrom fhèin, a bhith cuideachail, a bhith a' dèanamh oidhirp a h-uile neach a ghabhail a-steach agus a bhith spèiseil.*

### **Norris the Bear who Shared**

Catherine Rayner (ISBN: 1408339366)

Tha plorrings a' còrdadh gu mòr ri Norris! Nuair a chì e fear ag abachadh sa ghrèin aon fheasgar, tha e a' suidhe gu socair a' feitheamh gus an tuit am meas às a' chraoibh dha spògan. Ach tha barrachd 's Norris titheach air plorrings – 's fìor thoigh le Tulip agus Violet iad cuideachd. Cò gheibh an spògan air na measan blasta an toiseach?

### **Share!**

Anthea Simmons agus George Birkett (ISBN 184939220X)

Faodaidh e bhith doirbh fàs cleachdte ri bhith a' co-roinn an toiseach, ach aon uair 's gum bi thu eòlach air, tha e air leth spòrsail!

### **This is our House**

Michael Rosen agus Bob Graham (ISBN: 1406305642)

Tha Seòras ag ràdh gur ann leis a tha an taigh-chairt agus nach fhaod neach eile cluich ann. Chan ann do nigheanan a tha e, no do dhaoine beaga, leth-phàistean, daoine le speuclairean no daoine tha titheach air tunailean. Ach tha beachdan eile aig Lindy, Marly, Freddie, Charlene, Marlene, Luther, Sophie agus Rasheda! Neach mu seach tha a' chlann air an cumail a-mach gus an tèid car sa chuibheall agus tha Seòras a' tuigsinn cò ris a tha e coltach

a bhith air an taobh eile. Leabhar a tha a' sealltainn gu bheil e fada nas spòrsail a bhith a' co-roinn.

### **I don't care! Learning about respect**

Brian Moses (ISBN 0750221364)

A bheil thu faiceallach le baidhsagal caraid – a bheil thu ga làimhseachadh le spèis no an tilleadh tu dhaibh e briste agus lùbte? Am bi thu a' leantainn riaghailtean no am bi thu gam bristeadh? Tha an leabhar seo làn de shuidheachaidhean àbhaisteach agus gar cuideachadh a' freagairt na ceist – Dè cho umhaileach 's a tha thu?

### **Cyril Squirrel Finds out about Love**

Jane Evans (ISBN 9781785920806)

Tha Cyril an fheòrag a' cur tòrr cheistean, ach tha aon rud a tha gu tur a' cur iongnadh air Cyril ... Dè th' ann an gaol? Am faigh mi lorg air? An urrainn dhomh a chumail? A bheil feum agam air? Le leabhar-notaichean agus map, tha Cyril a' falbh a lorg fiosrachadh mu ghaol. A' toirt cuideachadh do chlann ionnsachadh cò ris a tha gaol coltach, dè am fuaim a th' aige, mar a tha e a' faireachdainn, tha an leabhar-dheilbh a' sealltainn nan diofar riochdan a bhios air gaol, dàimh agus coibhneas. Freagarrach do chlann eadar 2 agus 6, gu h-àraid feadhainn a tha car troimh-a-chèile mu ghaol, tha dàn-thuras Cyril a' gabhail a-steach stiùireadh do dh'inbich air mar a ghabhas an leabhar a leughadh do chlann.